

Co-ionannachd Gnè: An lagh

Leth-bhreith: dìreach, neo-dhìreach, sàrachadh agus cur sìos.

An e eisimpleir de leth-bhreith dhìreach, leth-bhreith neo-dhìreach sàrachadh no làimhseachadh mì-chothromach a th'anns gach fear dhiubh seo?

Às dèidh còmhraidh, sgrìobh àireamh gach suidheachadh anns a' bhogsa fhreagarrach gu h-ìosal.

1. Tha nighean san sgoil a' taghadh nan cuspairean a tha i ag iarraidh ach thathar ag innse dhi nach fhaod i cuspair a dhèanamh bhon a tha cus nigheanan ga iarraidh agus nach eil àiteachan air fhàgail ach airson balaich.
2. Tha an ceannard agad a' cur thugad fealla-dhà agus ìomhaighean pornografaig thugad.
3. Tha ceannard companaidh ùr a tha a' tighinn chun na sgìre agad a' sanasachadh obraichean ùra. Tha am fastaiche ag ràdh gu bheil na h-obraichean gu lèir làn-ùine a-mhàin.
4. Tha thu ag obair còmhla ri cuideigin aig a bheil fios gu bheil màthraichean leasbach agad. Tha iad a' sìor ràdh rudan mu leasbaich ri neach eile san oifis, dìreach cruaidh gu leòr gus an cluinn thu.
5. Tha banca a' sanasachd mhorgaidsean - agus ag ràdh nach fhaod ach daoine aig a bheil obraichean làn-ùine cur a-steach air an son.
6. Tha fear òg a' dol airson Preantasachd mar neach-obrach sgoil-àraich agus tha an solaraidhe ag ràdh nach eil iad a' gabhail ach boireannaich òga.
7. Tha caraid aig d' obair a' gearan gu bheil neach-obrach eile ga sàrachadh. Tha thusa air taic a thoirt dhi, a' gabhail a-steach a' toirt cunntas dhan mhanaidsear agad. Tha cothrom air àrdachadh dreuchd air tighinn suas agus bha dùil agad gun robh teansa agad air fhaighinn. Chuir thu air a shon ach cha d' fhuair thu fiù 's agallamh.
8. Tha boireannach a' faighinn obair ann an àite far nach robh mòran boireannach ag obair roimhe. Ann an seòmar an luchd-obrach tha mìosachan le dealbhan de boireannaich rùisgte. Tha an neach-obrach ùr ag iarraidh gum bi seo air a thoirt sìos, chaidh seo a dhèanamh. Ach a-nis chan eil duine a' bruidhinn rithe ann an seòmar an luchd-obrach.

Dìreach	Neo-dhìreach
Sàrachadh	Làimhseachadh mì-chothromach

Co-ionannachd Gnè: An lagh (Freagairtean)

Leth-bhreith: dìreach, neo-dhìreach, sàrachadh agus cur sìos.

1. Tha nighean san sgoil a' taghadh nan cuspairean a tha i ag iarraidh ach thathar ag innse dhi nach fhaod i cuspair a dhèanamh bhon a tha cus nigheanan ga iarraidh agus nach eil àiteachan air fhàgail ach airson balaich.
2. Tha an ceannard agad a' cur thugad fealla-dhà agus ìomhaighean pornografaig thugad.
3. Tha ceannard companaidh ùr a tha a' tighinn chun na sgìre agad a' sanasachadh obraichean ùra. Tha am fastaiche ag ràdh gu bheil na h-obraichean gu lèir làn-ùine a-mhàin.
4. Tha thu ag obair còmhla ri cuideigin aig a bheil fios gu bheil màthraichean leasbach agad. Tha iad a' sìor ràdh rudan mu leasbaich ri neach eile san oifis, dìreach cruaidh gu leòr gus an cluinn thu.
5. Tha banca a' sanasachd mhorgaidsean - agus ag ràdh nach fhaod ach daoine aig a bheil obraichean làn-ùine cur a-steach air an son.
6. Tha fear òg a' dol airson Preantasachd mar neach-obrach sgoil-àraich agus tha an solaraiche ag ràdh nach eil iad a' gabhail ach boireannaich òga.
7. Tha caraid aig d' obair a' gearan gu bheil neach-obrach eile ga sàrachadh. Tha thusa air taic a thoirt dhi, a' gabhail a-steach a' toirt cunntas dhan mhanaidsear agad. Tha cothrom air àrdachadh dreuchd air tighinn suas agus bha dùil agad gun robh teansa agad air fhaighinn. Chuir thu air a shon ach cha d' fhuair thu fiù 's agallamh.
8. Tha boireannach a' faighinn obair ann an àite far nach robh mòran boireannach ag obair roimhe. Ann an seòmar an luchd-obrach tha mìosachan le dealbhan de boireannaich rùisgte. Tha an neach-obrach ùr ag iarraidh gum bi seo air a thoirt sìos, chaidh seo a dhèanamh. Ach a-nis chan eil duine a' bruidhinn rithe ann an seòmar an luchd-obrach.

Dìreach 1, 6	Neo-dhìreach 3, 5
Sàrachadh 2, 4	Làimhseachadh mì-chothromach 7, 8